



Social Security
Scotland

Tèarainteachd Shòisealta Alba

Bileag-iùil air sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba

Tha Tèarainteachd Shòisealta Alba na buidheann-gnìomha de Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' cuideachadh dhaoine ann an Alba agus sinn a' libhrigeadh nam pàighidhean tèarainteachd shòisealta.

Tha tèarainteachd shòisealta mar chòir dhaonna agus tha ar seirbheis stèidhichte air urram, cothromachd agus spèis ann an dèiligeadh ri daoine.

Tha sinn a-nis a' libhrigeadh shochairean do raon farsaing de dhaoine, nam measg, daoine le ciorram orra, luchd-cùraim, daoine òga, daoine nas sine agus teaghlaichean.

Airson daoine aig a bheil clann fo 16

Dh'fhaodadh daoine a tha a' faighinn Creideas Coitcheann no sochairean ceadachaidh eile a bhith airidh air còig pàighidhean teaghlaich.

Pàigheadh Leatromachd is Leanaibh Tabhartas an Tòiseachaidh as Fheàrr

Pàigheadh de £767.50 airson a' chiad leanaibh agus £383.75 airson clann eile. Faodaidh daoine iarrtas a dhèanamh bho dheireadh na 24mh seachdain de leatromachd gus a bheil an leanabh 6 mìosan a dh'aois.

Pàigheadh Tràth-ionnsachaidh Tabhartas an Tòiseachaidh as Fheàrr

Pàigheadh de £319.80 nuair a bhios pàiste eadar 2 agus 3.5 bliadhna a dh'aois. Faodaidh daoine am pàigheadh fhaighinn fhathast fiù 's mura bheil am pàiste a' gabhail àite ann an sgoil-àraich.

Pàigheadh Aois Sgoile Tabhartas an Tòiseachaidh as Fheàrr

Pàigheadh de £319.80 nuair a bhios pàiste sean gu leòr airson a bhith a' tòiseachadh san sgoil. Chan fheumar àite sgoile a ghabhail gus am pàigheadh fhaighinn.

Biadh Tòiseachaidh as Fheàrr

Airgead a h-uile 4 seachdain air cairt ro-phàighte, bho àm leatromachd gus a bheil pàiste 3 bliadhna a dh'aois, airson biadh fallain a cheannach.

Pàigheadh Pàiste na h-Alba

Pàigheadh de £108.60 a h-uile 4 seachdain airson gach pàiste agaibh fo aois 16.

Airson daoine òga a tha a' tòiseachadh san àite-obrach

Pàigheadh Tòiseachadh Obair

£319.80 gus daoine eadar 16 is 24 a chuideachadh leis na cosgaisean a tha an lùib tòiseachadh ann an obair ùr. Ri fhaotainn dhaibhsan a tha air sochairean sònraichte airson 6 mìosan no barrachd fhaighinn agus a tha a' tilleadh a dh'obair an dèidh dhaibh a bhith gun chosnadh. Gheibh daoine le clann £511.65.

Airson daoine a dh'fheumas cuideachadh le tòrradh a phàigheadh

Pàigheadh Taic Tòrraidh

Pàigheadh uair a-mhàin mar chuideachadh le cuid de chosgaisean tòrraidh a phàigheadh. Do dhaoine a gheibh Creideas Coitcheann no sochairean ceadachaidh eile.

Gus daoine a chuideachadh le an dachaighean a theasachadh

Pàigheadh Teasachadh Geamhraidh do Chlann

£251.50 ga phàigheadh uair sa bhliadhna do chlann is daoine òga le ciorram orra a tha a' faighinn shochairean ceadachaidh.

Pàigheadh Teasachadh Geamhraidh

Pàigheadh bliadhna de £59.75 a phàighear gu fèin-obrachail do dhaoine a tha a' faighinn shochairean àraidh.

Airson luchd-cùraim

Pàigheadh Taic an Luchd-cùraim

Airgead cuideachaidh do dhaoine ma tha iad nan neach-cùraim gun phàigheadh. Faodaidh iad £83.30 gach seachdain fhaighinn ma tha iad airidh.

Sochair-leasachaidh Cuibhreann Luchd-cùraim

Pàigheadh a bharrachd do dhaoine a tha a' faighinn Pàigheadh Taic an Neach-cùraim. Tha seo ga phàigheadh gu fèin-obrachail.

Tabhartas Neach-cùraim Òig

Pàigheadh turas sa bhliadhna de £390.25 do dhaoine aois 16, 17 no 18 bliadhna a bhios a' gabhail cùram cuideigin a tha a' faighinn sochair ciorramachd airson mu 16 uairean a thìde san t-seachdain.

Airson nan ciorramach

Pàigheadh Ciorraim Cloinne

Airgead gus cuideachadh leis na cosgaisean a bharrachd a tha an lùib a bhith a' gabhail cùram pàiste air a bheil ciorram, tinneas-bàis no euslaint fhad-ùineach.

Pàigheadh Ciorraim Inbheach

Airgead gus cuideachadh leis na cosgaisean a bharrachd a tha an lùib ciorram, euslaint fhad-ùineach no tinneas-bàis a bhith air daoine.

Pàigheadh Ciorraim Aois a' Pheinnsein

Airgead a bharrachd do dhaoine a th' air aois Peinnsean na Stàite a ruighinn agus a dh'fheumas cùram ri linn ciorraim no euslaint fhad-ùineach, no air a bheil tinneas-bàis.

Ciamar a chuireas mi iarrtas a-steach?

Tadhail air [mygov.scot/benefits](https://www.mygov.scot/benefits) gus iarrtas air-loidhne a dhèanamh. Air neo, cuir fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222** gus a bhith a' cur a-steach, ag iarraidh foirm pàipeir no a' ro-chlàradh airson coinneamh far am faighear taic ann am pearsa aig àm agus àite a bhios freagarrach dhut.

Ciamar a chuireas daoine fios thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (don fheadhainn air bheag-chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org



Còmhradh-lìn: chat.socialsecurity.gov.scot